

Fios naidheachd às leth Coimisean nan Cunntasan

Fo bhacadh gu ruige 00:01 uair, 27 Samhain 2025

Ionnsaigh-saidhbeir air Comhairle nan Eilean Siar a' sealltainn gu bheil cunnartan ann do gach comhairle

Bu chòir gach comhairle ann an Alba ionnsachadh bhon ionnsaigh-saidhbeir a thugadh air Comhairle nan Eilean Siar a thug buaidh obann agus leantainneach orra.

Dh'adhbhraich an ionnsaigh-saidhbeir ann an 2023 buaireadh luath, dona agus leantainneach leis a' bhuidhe a bu mhotha air sgioba ionmhais na comhairle. Dh'adhbhraich i call cha mhòr iomlan den dàta a bha air a cumail air na frithealaichean aice.

Anns an aithisg aca, tha Coimisean nan Cunntasan ag aithneachadh gun do ghabh a' chomhairle ceumannan luath gus siostaman a dhìon agus gus prìomhachas a thoirt do sheirbheisean loidhne-aghaidh agus do phàighidhean do luchd-obrach agus do sholaraichean. Ach cha robh na planaichean leantainneachd gnìomhachais air an dealbhadh airson ionnsaigh cho mòr. Agus cha deach gnìomhan a ghabhail gus dèiligeadh ri laigsean ann an IT agus riaghladh-saidhbeir a chaidh a thoirt fa-near roimhe. Nam biodh a' chomhairle air a bhith na b' ullaichte, dh'fhaodte gum biodh seo air buaidh na h-ionnsaigh a lùghdachadh.

Tha luchd-obrach ag obair gu cruaidh fhathast gus ìre coileanaidh nan seirbheisean a chumail suas; ach dà bhliadhna às dèidh na h-ionnsaigh, tha cuid de sheirbheisean fhathast ag ath-shlànachadh agus a' dèiligeadh ri càirn obrach. Feumaidh a' chomhairle deuchainnean mionaideach is cunbhalach a dhèanamh air na planaichean freagairt, ath-shlànachaidh agus leantainneachd gnìomhachais ùra aca.

Thuir Jo Armstrong, Cathraiche Coimisean nan Cunntasan:

‘Tha an ionnsaigh-saidhbeir seo a’ sealltainn cho fosgailte ’s a tha riaghaltas ionadail do chunnartan mar seo, agus gu bheil feum èiginneach air deuchainnean seasmhachd agus ath-shlànachaidh. Feumaidh comhairlean tuigsinn nach e a’ cheist an tachair ionnsaigh ach cuin a thachras i. Tha feum air dòigh-obrach choitcheann gus comhairlean a deisealachadh airson àm ri teachd a tha a’ sìor fhàs didseatach – feumaidh iad co-obrachadh, ionnsachadh bho chèile agus obrachadh gu dlùth le com-pàirtichean, Riaghaltas na h-Alba nam measg.

‘Rinn luchd-obrach Comhairle nan Eilean Siar an dìcheall gus a’ bhuidhe air luchd-cleachdaidh, solaraichean agus air a’ choimhearsnachd ionadail a lùghdachadh. Chuir seo cuideam a bharrachd air luchd-obrach agus iad a’ gabhail obair a bharrachd os làimh, a bharrachd air a bhith a’ dèiligeadh ris na dleastanasan làitheil aca. Tha sinn airson ’s gun gabh a’ chomhairle ceuman gus piseach a thoirt air conaltradh le, agus taic do, luchd-obrach ro thachartasan mòra a dh’fhaodadh cur ri uallach obrach agus streas.

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu Joanna Mansell, fòn:

07970331858

jmansell@audit.scot no media@audit.scot

Nòtaichean dhan Neach-deasachaidh:

1. Gheibhear an aithisg sgrùdaidh air Comhairle nan Eilean Siar airson 2023/24 [air làrach-lìn Sgrùdadh Alba](#).

2. Gheibhear a h-uile aithisg a dh'fhoillsich Coimisean nan Cunntasan agus an t-Àrd-neach-sgrùdaidh bho 2000 aig www.audit.scot

- Is e Coimisean nan Cunntasan a' bhuidheann sgrùdaidh airson caitheamh poblach ann an Alba. Bidh e a' cumail chomhairlean agus diofar cho-bhùird amalachaidh agus comataidhean ann an Alba cunntachail agus gan cuideachadh le leasachadh. Tha e ag obair gun leth-bhreith agus gu neo-eisimeileach bho chomhairlean agus bho Riaghaltas na h-Alba agus bidh e a' coinneachadh agus ag aithris gu poblach.
- 'S e buidheann reachdail a th' ann an Sgrùdadh Alba, a chaidh a stèidheachadh sa Ghiblean 2000, fo Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000. Bheir e seirbheisean seachad do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean nan Cunntasan.

AN DEIREADH